

Dihaoine 25 An Gearran 2011

PLANA GÀIDHLIG AIR A CHUR AIR BHOG LE SQA

Chuir Ùghdarras Theisteanas Alba (SQA) a Phlana Gàidhlig air bhog an-diugh (Dihaoine 25 An Gearran 2011).

Tha Planaichean Gàidhlig nam prìomh phàirt den roi-innleachd a tha ann gus Plana Nàiseanta Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba a liubhairt.

Chaidh iad seo a chur ri chèile chor is gun toirear inbhe thèarainte don chànan, mar a tha an amharc aig Riaghaltas na h-Alba agus Bòrd na Gàidhlig.

Tha Achd na Gàidhlig 2005 agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig cudtromach bunaiteach a thaobh cur an comas SQA agus nam buidhnean a tha an com-pàirteachas leis plana soirbheachail a chruthachadh los gum mair an cànan, chan ann a-mhàin an Alba ach gu eadar-nàiseanta.

Fo Achd 2005 feumaidh buidhnean poblach ullachadh am Plana Gàidhlig a thoirt gu aire gach buidheann aig a bheil gnothach ris. Fhuair SQA comhairle an t-sluaigh air dreachd den phlana aige air feadh ochd seachdainean ann an 2009 agus chuir iad na fhuair iad de dh'fhiosrachadh an àireamh ri linn pròiseas a' chomhairleachaidh.

Thuir Àrd-Oifigear SQA, An Dr. Seonag NicIlleDhuinn:

“Tha mi glè thoilichte bogadh ar Plana Gàidhlig ainmeachadh. 'S e amas a' phlana taic is aitheantas a thoirt do luchd-labhairt is luchd-ionnsachaidh Gàidhlig de gach aois agus iad a' dol an lùib siostam foghlaim is teisteanasan na h-Alba gu deimhinneach. Crochaidh soirbheas ar plana gu mòr air a bhith a' cumail agus a' cur ris a' chom-pàirteachas làidir eadar SQA is ar n-ionadan-foghlaim, agus air a' cho-obrachadh dhlùth dheimhinneach againn leis na buidhnean a tha co-cheangailte rinn.

“Gu sònraichte, nì ar plana cinnteach gun cùm SQA a thaic chudtromach ri prìomh amasan Bhòrd na Gàidhlig, 's e sin, leudachadh foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig, foghlam luchd-ionnsachaidh òg sna sgoiltean agus foghlam Gàidhlig do dh'-inbhich.”

Aithnichidh SQA cho cudtromach 's a tha e taic a thoirt do na h-amasan a tha mar phàirt de Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Mar phrìomh phàirt den rud seo tha leasachadh Roi-innleachd Foghlaim na Gàidhlig aige.

Tha SQA ag obair air na ceithir prìomh amasan nàiseanta don Ghàidhlig, 's e sin, Togail-cànain, Cleachdadh, Inbhe agus Corpas na Gàidhlig.

Cho math ri teisteanan Gàidhlig a thairsginn do luchd-ionnsachaidh is do dh'fhileantaich, tha SQA air cur roimhe gum meudaichear raon chuspairean is irean mar a leudaicheas iartas air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

An ceartuir, tha SQA a' tabhann cuid de na deuchainnean tro mheadhan na Gàidhlig; Cruinn-eòlas, Eachdraidh, Matamataig agus Foghlam Co-aimsireil aig An Ìre Choitcheann agus Matamataig aig An Àrd Ìre.

/Tuilleadh

2

Faodar Plana Gàidhlig SQA a lorg aig www.sqa.org.uk/gaelic agus gheibhear lethbhric dheth o ar n-ionad-conaltraidh_aig customer@sqa.org.uk, air neo 0845 279 1000.

- CRÌOCH -

Aithrisean-taice

Aithris Dhà-chànanach o Àrd-Oifigear Bhòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh

Plana Gàidhlig SQA

Tha Bòrd na Gàidhlig a' cur fàilt' air an naidheachd gu bheil SQA a-nis am-measg nam buidhnean mòra poblach a tha air an taic a chur ri rùintean a' Bhùird a thaobh na Gàidhlig agus amasan coimhearsnachdan na Gàidhlig. Tha am Bòrd fìor thoilichte gu bheil SQA cuideachd air an aon ràmh a thaobh a bhith a' cruthachadh ginealaich ùir dhan Ghàidhlig le bhith a' cur Plana Gàidhlig an sàs gu foirmeil.

Tha inbhe agus àite a tha deatamach aig SQA ann a bhith a' leasachadh agus a' toirt air adhart teisteanais agus na bun-structaran sgilean a tha a dhìth air saoghal malairt, gnìomhachas agus daoine fa-leth air feadh na dùthcha. Bidh am pàirt a th' aig SQA, an co-bhuinn ri Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean eile a tha a' cuartachadh anns an aon shaoghal, air leth cudromach ann a bhith a' co-eagrachadh agus a' sireadh ar cinn-uidhe, gu h-àraidh an co-cheangal ri leasachadh agus adhartas leis a' Churraicealam airson Sàr-mhaitheis.

Mar bhuidhinn nàiseanta le uallach a bhith a' leasachadh, a' measadh, a' feuchainn agus a' dearbhadh theisteanais, tha e na phrìomh bhunait-obrach aig SQA ìrean foghlaim a chothromachadh agus a ghleidheadh. Tha e cudromach dhan Bhòrd gu bheil taic SQA againn agus sinn a' feuchainn ri barrachd òigridh le teisteanas ann an Gàidhlig a thoirt a steach dhan t-siostam-obrach. Bidh an taic sin a-nis gu math follaiseach dhan mhòr-shluagh tro obair a bhios SQA a' cur air adhart bho latha gu latha agus mar a bhios iad a' sìor chur na Gàidhlig gu feum nan obraichean.

Bòrd na Gàidhlig welcomes the addition of SQA to the portfolio of major organisations which have aligned themselves to the Bòrd's own aspirations and those of the Gaelic-speaking community. The Bòrd is delighted that SQA shares our ambition to grow a new generation of Gaelic speakers and welcomes its commitment to the language through its new Gaelic Plan.

SQA has a vital role to play in developing appropriate qualifications and skills structures which are needed to deliver the needs of business, industry and individuals throughout the country. SQA's role, particularly now in relation to the Curriculum for Excellence, in partnership with the Scottish Government and other stakeholder organisations, will be hugely significant in driving forward and delivering our ambitions for Gaelic.

As the national body in Scotland for the development, accreditation, assessment and certification of qualifications, the core purpose of SQA is to set and maintain standards in education. It is important for Bòrd na Gàidhlig as we bring more and more young people with Gaelic qualifications into the employment sector that we have the organisation's support. This will now be very evident to the general public through SQA's day to day operations and continuing efforts to use more and more Gaelic.

Pàipearan Oifigeil Foillsichearan Bright Red

Tha SQA agus Foillsichearan Bright Red cuideachd toilichte foillseachadh ciad phàipearan oifigeil do Ghàidhlig (Luchd-lonnsachaidh) agus do chuspairean Gàidhlig ainmeachadh. Chaidh am pròiseact a ghabhail os làimh ann an co-bhuinn ri Stòrlann, a' bhuidheann nàiseanta a chuireadh air chois le Pàrlamaid na h-Alba ann an 1999 gus cruthachadh is craobh-sgaoileadh stuthan a' churraicealaim Ghàidhlig a cho-òrdanachadh.

Aithris o Ailean Mac a' Ghrèidhir, Bright Red:

Tha Foillsichearan Bright Red toilichte obrachadh cuide ri SQA is Stòrlann gus na ciad Phàipearan Oifigeil le Freagairtean ann an Gàidhlig a liubhairt gu sgoilearan is luchd-teagaisg aig Ìre Choitcheann.

Aithris Dhà-chànanach o Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig:

We are greatly indebted to SQA and Bright Red for taking this step forward with such enthusiasm and we hope the project will enhance Gaelic/Gàidhlig's profile amongst high school pupils. Pupils studying Gaelic/Gàidhlig are as deserving as any others of quality revision materials.

Tha sinn fada an comain **SQA** agus **Foillsichearan Bright Red** airson ùidh mhòr a ghabhail sa phròiseact seo agus tha sinn an dòchas gum bi na leabhraichean 2007-2010 a' nochdadh sna bùthan ann an ùine nach bi ro fhada. Tha sinn an dùil gum bi buaidh aig a' phròiseact seo air ìomhaigh na Gàidhlig anns na h-àrd-sgoiltean. Tha sgoilearan Gàidhlig a' cheart cho airidh air stuth-taice aig ard-ìre ri sgoilearan sam bith eile agus chì iad gu bheil na h-aon ghoireasan rim faighinn ann an Gàidhlig 's a tha anns na cuspairean eile aca.

-CRÌOCH-

Tuilleadh fios:
Derek Dùbhghlas

07808 76 44 26

Nòtaichean do Luchd-deasachaidh

Tha Ùghdarras Theisteanas Alba (SQA) na buidheann-ghnìomha phoblach neo-roinneil (BPNR) fo urras Buidheann-stiùiridh Sgoiltean Riaghaltas na h-Alba. 'S i buidheann barantachaidh is buileachaidh na h-Alba.

Bidh SQA ag obair an co-bhuinn ri sgoiltean, colaistean, oilthighean is gnìomhachasan gus teisteanasan is measaidhean iomchaidh sùbailte aig àrd-ìre a liubhairt - a' cruthachadh ìrean gnìomhachais far an cothromach sin. Cuideachd, nì SQA cinnteach gu bheil gach teisteanas ri fhaotainn don a h-uile duine, agus gun seall iad ceuman adhartais a tha soilleir, a' cur foghlam fad-beatha air dòigh agus ag aithneachadh euchdan sgoilearan.

Is mòr amasan SQA air sgàth na h-Alba 's rùn làidir roimhe gum bi pàirt làn dileas aige a thaobh a bhith a' dèanamh cinnteach gum faigh muinntir is eaconamaidh na h-Alba buannachd às siostam theisteanas a ghabhas ri suidheachadh nan uile ann a bhith a' liubhairt is a' cumail ri feumalachdan na h-Alba.

Am measg ar teisteanas tha:

- 1 Teisteanasan Nàiseanta (a' toirt a-steach Ìre Choitcheann, Aonadan Nàiseanta is Cùrsaichean aig ìre Ruigsinn, Mheadhanach, Àrd agus Adhartach)
- 2 Cùrsaichean Sgìlean na h-Obrach
- 3 Duaisean Leasachadh Proifeiseanta (DLPan)
- 4 Duaisean Nàiseanta Adhartais
- 5 Teisteanasan Nàiseanta
- 6 Teisteanasan is Dioplomaidhean Nàiseanta aig àrd-ìre (TNAan/iDNAan)
- 7 Teisteanasan Dreuchdail na h-Alba (TDAan)
- 8 Duaisean Sònraichte

Airson barrachd fios – www.sqa.org.uk